A vertical image showing a sunset over a body of water. The sky is filled with soft, colorful clouds in shades of blue, orange, and yellow. The sun is low on the horizon, creating a bright reflection on the water. In the background, there are dark, silhouetted mountains. The text is overlaid on the upper half of the image.

*Cionnas a
Gheibh mi
gu Nèamh?*

Werner Gitt

Cionnas a Gheibh mi gu Nèamh?

Tha mòran ann nach bi ag iarraidh idir a bhith a' smaoineachadh air an t-siorraidheachd; gu dearbh tha gu leòr ann agus ged a bheachdaicheas iad air a' bhàs, cha toir iad smuain do na tha ri teachd na dheidh. Nuair a bha i na pàisd, ghabh a' bhana-chleasaiche Drew Barrymore, a rugadh ann an 1975, aon de na prìomh phàrtean anns an fhilm E.T. Aig aois ochd air fhichead, thuirt i, "Ma thachras gum bàsaich mi ron chat agam, bu mhath leam gun biodh luath mo chuirp air a toirt dhan chat ri ithe; mar sin bhithinn beò tro bheatha mo chait." Nach eagalach an seòrsa aineolais a tha sin.

Nuair a bha losa air an talamh, thàinig slugh mòr thuige, len trioblaidean. Mar bu trice, b'iad sin trioblaidean na beatha seo.

- **Thàinig deichnear lobhair ag iarraidh slànachaidh** (Lucas 17.13);
- **Bha na doill ag iarraidh am fradhairc** (Mata 9.27);
- **Bha fear ann a bha airson gun dèanadh losa rèite, ann an deasbad mu oighreachd** (Lucas 12.13-14);
- **Thàinig na Phairisich len ceistean meallta mu phàigheadh chisean do Cheasar** (Mata 22.17).

B'ann ainneamh a thàinig iad a dh'fhaighneachd mun t-slighe gu Rìoghachd Nèimhidh. Thàinig aon uachdaran àraidh agus dh'fhaighnich e, **"A Mhaighistir Mhaith, ciod a nì mi a chum gun sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach?"** Fhreagair losa e, **"Reic na h-uile nithean a th' agad agus thig agus lean mise"** (Lucas 18,18). Ach bha an t-uachdaran ro bheairteach agus air an adhbhar sin cha do lean e comhairle an Tighearna. Leig e seachad a chothrom air sìorraidheachd bheannaichte.

Air an làimh eile, bha feadhainn ann nach robh a' sireadh Glòir ach nuair a thachair losa riutha air an t-slighe, agus a dh'fhosgail Esan dhaibh an soisgeul, ghabh iad ris agus lean iad E anns a' bhad.

Bha fadachd air Sacheus gus losa fhaicinn. Ach 's ann a fhuair e barrachd air na bha dùil aige. Nuair a chaidh losa gu a thaigh – nuair a bha iad a' gabhail cupa tì, ma thogras tu a

ràdh – fhuair e slàinte da anam. ***“Thàinig slàinte, an-diugh a dh’ionnsaigh an taighe seo”*** (Lucas 19.9).

Agus dè mu ar deidhinne?

Bho na chunnaic sinn gu ruige seo, tuigidh sinn grunn rudan:

- Tha Rìoghachd Nèimh ri fhaotainn aig àm sonraichte ann an tìm. Tha e math fios a bhith againn air seo. Tha e ag ràdh gun urrainn dhutsa, a leughadair, a’ bheatha mhaireannach a shealbhachadh a n-diugh.
- Cha ruig duine air Rìoghachd Nèimh tro oibrichean fhèin.
- Is urrainn an rìoghachd seo a shealbhachadh gun roimh-ullachadh sam bith a dhèanamh.

Tha ar beachdan fhìn air Rìoghachd Dhè fhaicinn tur ceàrr, mur a h-eil iad stèidhichte air facal Dhè. Agus is iomadh beachd faoin a bhitheas aig daoine. Ghabh neach, uaireigin, òran mu chleasaiche a bha a’ leigeil dheth a dhreuchd anns an t-siorcas, an dèidh iomadh bliadhna. “Gu cinnteach bidh e ann an Glòir”, bha an t-òran ag ràdh, “oir thug e toileachas do uidhir de dhaoine.” Thog tè a bha beairteach taigh anns am faodadh fichead boireannach bochd a bhith a’ fuireach an-asgaidh. Cha robh ach aon cùmhnant air a leagail orra mar mhàl: dh’fheumadh iad gealltainn gum biodh iad ag ùrnaigh fad uair a thìde gach latha airson anam a’ bhoireannaich a thug dhaibh an dachaigh. Bha i a’ sireadh slàinte d’a h-anam tro a h-oibrichean.

Ach ciamar, da-rìribh, a shealbhaicheas sinn Nèamh?


Chleachd losa cosamhlachd airson freagairt na ceiste sin a dhèanamh soilleir. Ann an Soisgeul Lucais,(14,16) tha E ag innse mu fhear (mar shamhla air Dia) a bha ag ullachadh fèise. Chuir e a-mach cuiridhean pearsanta chun na fèise, ach fhuair e briseadh dùil leis na freagairtean: ***“Thòisich iad uile a dh’aon ghuth air an lethsgheil a ghabhail. Thuirt a’ chiad fhear ris, ‘Cheannaich mi fearann agus is èiginn domh dol a-mach agus fhaicinn.’ Thuirt fear eile, ‘Cheannaich mi còig cuing dhamh agus tha mi a’ dol gan dearbhadh.’ Agus thuirt fear eile, ‘Phòs mi bean agus air an adhbhar sin, chan eil e ’n comas domh teachd.’”***

Chrìochnaich losa a' chosamhlachd le briathran an fhir-taighe, ***"Tha mi ag radh ribh nach blais aon de na daoine ud a fhuair cuireadh dem shuipeir-sa"*** (Lucas 14.24). Tha a' chosamhlachd seo a' dèanamh soilleir, gun gabh Glòir a shealbhadh no a chall. "Se a tha cudromach, a bheil thu a' gabhail ris a' chuireadh no ga dhiùltadh? Cha b' urrainn dha a bhith na b' fhasa. Am b' urrainn?"

Ma bhitheas daoine air an glasadh a-mach à Glòir, aig a' cheann thall, cha thachair sin air sgàth nach robh eòlas na slighe aca, ach seach gun dhùilt iad cuireadh an t-soisgeil. Chan eil na triùir sin anns a' chosamhlachd, nan eiseamplairean matha dhuinn idir. Cha do ghabh aon aca ris a' chuireadh a fhuair iad. An robh an fhèis air a cur dheth air an sgàth? Cha robh. Ach seach gun dhiùlt iadsan, tha fiathachadh air a chur a-mach a chum an t-saoghail uile: fiathachadh a tha sìmplidh, soilleir. Tha e ag radh, "Thig."

Agus tha neach air bith a ghabhas ris a' chuireadh sin, a' faighinn àite aig an fhèis. Dè a tha a' tachairt an turas seo? Tha sluagh mòr a' tighinn. Nuair a chì fear an taighe, an ceann ùine, gu bheil àitean falamh fhathast ann, tha e ag radh r'a sheirbheisich, ***"Gabh a-mach gus na rathaidibh mòra agus na gàraidhibh agus co-èignich iad gus teachd a-steach, a chum gum bi mo thaigh air a lionadh"*** (Lucas 14.23).

Bu chaomh leam, a-nis, sùil a thoirt air na tha a' chosamhlachd seo ag ràdh ruinne an-diugh. Tha rùm fhathast ann an Nèamh agus tha an Tighearna ag ràdh riut, 'Thig agus gabh d'àite. Dèan d'àite anns an t-siorraidheachd cinnteach an-diugh. Tha Rìoghachd Nèimh mòrbhailleach thar labhairt. Sin an t-adhbhar a tha losa ga shamhlachadh ri fèis. Tha 1. Corintianach 2.9 ag radh, ***"Chan fhaca sùil agus cha chuala cluas agus cha tàinig ann an cridhe duine"***



na nithean a dh'ullaich Dia dhaibhsan aig a bheil gràdh Dha." Chan eil càil, an àite air bith air thalamh, a tha coltach ris. Tha e, gu dearbh, ro-phrìseil.

Dh'fhosgail Iosa, Mac Dhè, an t-slighe dhuinne. Is Esan a rinn an rathad gu Nèamh. Chan eil air fhàgail againne ach a bhith a' miannachadh le ar n-uile chridhe a bhith maille ri Iosa, ann. Is cinnteach gur e a-mhàin feadhainn a tha cho geàrr-sheallach riutha-san a bh' anns a' chosamhlachd, a dhiùltas cuireadh Dhè.

Slàinte ann an Iosa Crìosd

Tha an dàrna earrainn anns an dàrna caibideil de leabhar nan Gnìomharan uabhasach cudromach: **"Ge b'e neach a ghairmeas air ainm an Tighearna, tèarnar e."** Tha an earrainn seo aig cridhe an Tiomnaidh Nuaidh.

Nuair a bha Pòl anns a' phrìosan ann am Philippi, rinn e sumadh air na bha e ag radh ri fear-coimhead a' phrìosain, leis na briathran seo: **"Creid anns an Tighearna Iosa Crìosd agus tèarnar thu fhèin agus do thaigh"** (Gnìomharan 16.31).

Tha an teachdaireachd sìmplidh, glan ach aig a' cheart àm, 's e teachdaireachd bunaideach a th' innte, a dh'atharraicheas beatha dhaoine. Bha fear-coimhead a' phrìosain air iompachadh air an dearbh oidhche.

Agus co bhuidhe a bhitheas Iosa Crìosd gar tèarnadh? 'S e ceist chudromach a tha sin. Tha E gar tèarnadh bhon t-slighe gu dìteadh sìorraidh; bhon t-slighe gu ifrinn. Tha am Bìoball a' teagasg dhuinn gun cuir a h-uile neach seachad sìorraidheachd ann an Glòir no ann an ifrinn. Chan eil àite eile ann. Aon uair 's gun dùin am bàs ar sùilean, cha bhì e nar comas tuilleadh a bhith a' creidsinn gur e am bàs a' chrìoch. Bidh ar beatha air a meas a rèir mar a ghabh sinn ri Crìosd. 'S e sin a dhearbhas càit an cuir thu seachad an t-sìorraidheachd.

Nuair a bha mi anns a' Phòlainn air cuairt-theagaisg, thadhail sinn air seann champa cogaidh Auschwitz far na thachair nithean cho uamhalta, aig àm an dara cogaidh. Eadar 1942 agus 1944, chaidh còrr is millean gu leth lùdhach a sgrios an sin agus bha na cuirp air an losgadh. Ann an litreachas, tha e air a libhrigeadh aig amannan mar "Ifrinn Auschwitz". Thàinig an abairt sin thugam nuair bha an neach-seòlaidh a' sealltainn dhuinn seòmar-gas anns am b' urrainn cur às do

shia ceud duine aig an aon àm. Chan eil e nar comas ruighinn air cho eagalach 's a bha sin. Ach an e ifrinn a bh' ann?

B' urrainn dhuinne a dhol tron t-seòmar-gas air sgàth gun tàinig an t-àm iargalta ud gu crìch ann an 1944. Tha an campa fosgailte a-nis; chan eil droch-dhìol no àmhghar air am fulamg ann tuilleadh. Thàinig crìoch air Auschwitz. Ach tha ifrinn a' Bhìobaill gun chrìch.

Nuair a bha mi a' dol a-steach dhan taigh-tasgaidh, mhothaich mi gun robh dealbh de chorp losa Crìosd air a' chrann-ceusaidh, air a sgròbadh air a' bhalla an sin, le tarang. Bha aon de na prìosanaich a' dèanamh soilleir gun robh e air a dhòchas a chur ann an losa agus Esan air a cheusadh. Bhàsaich an duine seo anns an t-seòmar-gas, còmhla ri càch, ach fhuair e fàilte a Nèamh. Chan eil teicheadh idir às an ifrinn a tha losa a' mìneachadh dhuinn anns an Tiomnadh Nuadh. (Faic, mar eisemplair Mata 5.29-30; Mata 7.13; Mata 18.8). Chan eil ann an ifrinn ach iargaltas is eagal do labhairt.

Tha Rìoghachd Dhè buan, maireannach cuideachd. Agus is ann an sin a tha an Tighearna ag iarraidh ar cruinneachadh. Carson nach eil thu a' gabhail ri a chuireadh? Gairm air ainm Dhè an-diugh agus dèan d' àite fhèin ann an Glòir cinnteach.

Aon uair, is mi air bruidhinn ann an talla mu chuireadh an t-soisgeil, thàinig boireannach far an robh mi. Bha i gu math troimh – chèile.

“Ciamar as urrainn do dhuine àite fhasdadh da fhèin ann an Rìoghachd Nèimh?” thuirt i. “S ann a tha sin mar gun robh thu a' bruidhinn air ionad-turasachd.” – “Uill”, fhreagair mise, ‘ann an dòigh, ‘s ann mar sin a tha e. Mur a dèan thu d' àite cinnteach, chan fhaigh thu gu do cheann-uidhe. Ma tha thu airson a dhol gu Hawaii, feumaidh an ticead fhreagarrach a bhith agad. “Ach tha agad ri pàigheadh airson na ticeid sin”, thuirt ise. “Uill”, arsa mise, “feumar pàigheadh airson na ticeid gu Nèamh cuideachd. Ach tha i cho daor is nach tèid aig duine againn air a ceannach. Tha ar peacaidhean gar cumail à Rìoghachd Dhè. Chan fhuiling an Tighearna peacadh na làthair agus ma tha sinne airson sìorraidheachd a chur seachad ann an Nèamh, feumaidh sinn a bhith air ar tèarnadh bho ar peacaidhean uile. Cha ghabh sin a dhèanamh ach tro losa Crìosd – an t-aon duine a bha gu tur saor bho pheacadh. Is Esan a-mhàin a b' urrainn pàigheadh airson ticead dhutsa no dhomhsa. Phàigh Esan a' phrìs a dh'fhosgladh dorsan Nèimh airson A shluaigh, le fhuil fhèin, air a' chrann.”



Mar sin, dè is èiginn dhomh a dhèanamh? Tha E soilleir gu bheil Dia air cuireadh a thoirt dhuinn uile. Tha iomadach earrainn anns a' Bhìoball a tha a' cur impidh oirnn gus gabhail ris a' chuireadh sin:

- ***“Dèanaibh spàirn chruaidh gu dol a-staigh air a' gheata chumhang: oir tha mi ag ràdh ribh, gun iarr mòran dol a-staigh, agus nach urrainn iad”*** (Lucas 13.24).
- ***“Gabhaibh aithreachas, oir tha rìoghachd Nèimh am fagus”*** (Mata 4.1).
- ***“Imichibh a-steach air an doras ch umhang; oir is farsaing an doras, agus is leathann an t-slighe a tha a' treòrachadh a chum sgrios, agus is lionmhor iad a tha a' dol a-steach oirre: ach is cumhang an doras agus is aimhleathann an t-slighe a tha a' treòrachadh chum na beatha, agus is tearc iad a tha ag amas oirre”*** (Mata 7.13-14).
- ***“Gabh grèim den bheatha mhaireannaich a chum mar an ceudna an do ghairmeadh thu”*** (1. Timoteuis 6.12).
- ***“Creid anns an Tighearna Iosa Crìosd, agus tèarnar thu-fhèin agus do thaigh”*** (Gnìomharan 16.31).

Tha iad sin uile nan cuiridhean làidir, dùrachachdach. Tha iad a' cur impidh air an leughadair gus gabhail riutha. Is cinnteach gur e am freagairt reusanta do dhuine sam bith tuiteam gu a ghlùinean le ùrnaigh mar seo:

“A Thighearna Iosa, tha mi a' leughadh anns a' Bhìoball nach ruig mi air Glòir ach Tromhad-sa. Tha mi a' mian-nachadh lem uile chridhe a bhith maille riut-sa anns an t-siorraidheachd. Cùm mi à ifrinn, ged a tha mi ag aide-

achadh gu bheil mi nam pheacach ifrinn-thoillteanach. Tha mi a' creidsinn an t-soisgeil: gun tug Thu do bheatha air a' chrann gus mo shaoradh, leis a' ghràdh a bh' agad dhomh. Ghabh Thu ort fhèin am peanasachadh air an robh mise airidh. Tha mo pheacaidhean uile soilleir dhut-sa, bhom òige gus an latha 'n-diugh – an fheadhainn as aithne dhomh fhìn agus an fheadhainn a tha falaichte bhuam. Tha mo smuaintean agus m' uile chridhe fosgailte fod shùilean, mar leabhar.

Mar a tha mi, chan urrainn gun ruig mi air Nèamh. Tha mi air mo lionadh le gràin agus fuath dom pheacadh agus tha mi a' guidhe gu maitheadh Tu e dhomh. Thig a-steach dom chridhe agus ath-nuadhaich e. Cuidich leam gus an cuir mi cùl ris a h-uile nì nach eil ceart nad shealladh, agus suidhich m' inntinn air cleachdaidhean dìreach. Foillsich dhomh am Bioball - d' fhacal fhèin. Thoir dhomh a bhith a' cluinntinn do ghuth agus a bhith a leantainn do thoil le ùmhlachd. Bi nad Dhia dhomh à seo a-mach, a' foillseachadh do shlighe dhomh, anns gach ceum. Tha mi a' toirt taing dhut, A Dhè, airson gun d'èisd Thu rim ùrnaigh. Tha mi a' creidsinn gu bheil mi nam leanabh dhutsa, agus gum bi mi maille riut ann an Glòir. Amen."

Dr. Werner Gitt
Director and Professor (retired)
information scientist



Title of the original edition: Wie komme ich in den Himmel?
Homepage of the author: www.wernergitt.de
Translated by Chrissie Macleay
Cover: Elise Christian

Missionswerk DIE BRUDERHAND e.V.
Am Hofe 2; 29342 Wienhausen, Germany
Tel.: +49 (0) 51 49/ 98 91-0 Fax:-19
Homepage: bruderhand.de; E-Mail: bruderhand@bruderhand.de
© 2011: Missionswerk DIE BRUDERHAND e.V.



Nr. 860
Gälisch/Gaelic
1st edition 2011